

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**\*Please scroll down for English Version\***

## HIE FOILLSEACHADH PLANA GÀIDHLIG TRÌ BLIADHNA

**26 An Cèitean 2009**

Dh'fhoillsich Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean / Highlands and Islands Enterprise (HIE) an-diugh ciad Phlana Gàidhlig na buidhne airson nan trì bliadhna bho 2009 gu 2012.

Sgrìobhadh am Plana a-rèir Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, is e toirt cunntas air na tha HIE a' cur roimhe a chum spèis co-ionnan dhan a' Ghàidhlig is dha na Gàidheil; a' toirt na Gàidhlig gu bhi na h-eileamaid fìor ghnàthach an Gàidhealtachd dà-chànanach. Chaidh aontachadh ris a' Phlana bho chionn ghoirid le Bòrd na Gàidhlig.

A bharrachd air a bhi gabhail a-steach na Gàidhlig mar nì mòr ann am fèin-aithne na buidhne, margaidheachd agus an làrach-lìn, tha HIE airson dèanamh cinnteach gun teid seirbheisean a thoirt seachad dha na Gàidheil sa chànan aca.

Tha HIE cuideachd airson is gun toir am Plana sealladh ùr-ghnàthaichte agus dealasach air leasachadh na Gàidhlig, ach an toir iad làn-chomas a' chànan gu buill mu choinneamh fàs ghnìomhachasan agus choimhearsnachdan neartmhor air a' Ghàidhealtachd. Tha Plana Gàidhlig HIE airson togail air buannachdan malairteach; le margaidheachd agus sanasachd bhathar; le fàs ghnìomhachasan cruthachail, seirbheisean agus na roinne turasachd.

Chuir Sandy Cumming, Ceannard HIE, fàilte blàth air a' Phlana, "Tha mi air leth toilichte Plana Gàidhlig Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, 2009-12 fhoillseachadh. Tha cinn-ùidhe a' Phlana a' sealltainn dè cho mòr sa tha HIE airson is gun leasaich is gum broснаich sinn a' Ghàidhealtachd mar àite dà-chànanach is sinn a' coimhead air a' Ghàidhlig agus air a' Bheurla le spèis cho-ionnan.

"Ann an co-theacs na h-obrach againn a chum gus an tig a' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan a-mach às a' chrìonadh chruinneil seo gu sgiobalta, theid coimhead air feartan sònraichte na sgìre mar fhìor mhaitheas dhuinne; nithean a leithid cumhachd ath-nuadhachail agus gu dearbha an dualchas is fèin-aithne Ghàidhealach luachmhor."

Lean e air, "Bith àite mòr aig a' Ghàidhlig ann an cur an gnìomh Ro-innleachd Eaconomach an Riaghaltais (GES) air a' Ghàidhealtachd 's na h-Eilean. An ceann beagan seachdainean, theid sgioba de luchd-gnìomhachais a thoirt còmhla ach stiùireadh a thoirt dhuinne air

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



leasachadh àite na Gàidhlig ann am fàs seasmhachd eaconomach. Tha HIE cuideachd an sàs an eacarsaidh phroccurement airson seirbheisean leasachaidh Gàidhlig."

Thuir Arthur MacCarraig, neach-cathrach Bhòrd na Gàidhlig, "Tha Bòrd na Gàidhlig air leth toilichte a bhith a' cur fàilte air a' chiad Phlana Gàidhlig aig HIE. Tha HIE air a bhith an sàs ann an leasachaidhean cudromach agus taiceil dhan Ghàidhlig bho chionn fhada. Tha cothroman an lùib a' Phlana seo a bhith a' cur ri na gnìomhan feumail sin, tro bhith a' cumail taic ris a' chànan, a' togail air na rinneadh roimhe agus a' toirt na Gàidhlig gu bhith nas follaisiche tro chleachdadh anns an seirbheisean a tha a' bhuidheann a libhrigeadh. Tha na seirbheisean sin fìor dheanamach ann a bhith a' cur ri seasmhachd na Gàidhlig agus tha inbhe is dleastanas chudromach aig HIE, cleas bhuidhnean poblach eile, ann a bhith a' cuideachadh leis a' Phlana Nàiseanta. Tha amasan HIE agus Bòrd na Gàidhlig co-ionnan a thaobh fàs is seasmhachd, stèidhichte air neart iomadach seòrsa coimhearsnachd. Tha àite gu math cudromach aig saoghal malairt anns an obair seo a' leasachadh na Gàidhlig agus tha suidheachadh air leth aig HIE airson a bhith a' cumail taic ri rùintean leantainneach a' Bhùird a thaobh sin.

Gheibhear Plana Gàidhlig HIE aig [www.hie.co.uk/gaelic-plan](http://www.hie.co.uk/gaelic-plan) agus fiosrachadh air an eacarsaidh phroccurement HIE aig [www.hie.co.uk/tenders.htm](http://www.hie.co.uk/tenders.htm)

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



## HIE LAUNCHES THREE-YEAR GAELIC PLAN

**26 May 2009**

Highlands and Islands Enterprise/Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean (HIE) today launched the organisation's first Gaelic Plan, covering a three-year period from 2009 to 2012.

The statutory Plan, drafted in line with the Gaelic Language (Scotland) Act 2005, details HIE's commitments towards promoting a sense of equal respect for Gaelic and Gaels, mainstreaming Gaelic in a bilingual Highlands and Islands. The Plan was recently approved by Bòrd na Gàidhlig.

As well as incorporating Gaelic prominently into the organisation's identity, marketing, publications and website, HIE is committed to ensuring client services are made available to Gaels in their language of choice.

The Plan also challenges HIE to take an innovative and ambitious approach to the development of Gaelic and fully realising its potential in the long-term growth of businesses and strengthening of communities in the Gàidhealtachd. The HIE Gaelic Plan focuses on promoting the business benefits of Gaelic, through product marketing and promotion, and in growing the creative industries, goods and services, and the tourism sector.

Sandy Cumming, HIE chief executive, welcomed the Plan, "I'm delighted to announce the publication of the Gaelic Plan for Highlands and Islands Enterprise, 2009-12. The level of ambition contained in the Plan demonstrates HIE's commitment to the development and promotion of a bilingual Highlands and Islands treating Gaelic and English on a basis of equal respect.

"As the Highlands and Islands emerges from the effects of global recession, HIE will look to those unique elements of the region which provide us with a competitive advantage, whether they be our renewable energy resources or in this case our rich Gaelic cultural heritage and identity."

Sandy continued, "Gaelic will have a key role in delivering the Government Economic Strategy (GES) in the Highlands and Islands. HIE will, over coming weeks, bring together a group of Gaels from the business community to advise on expanding the contribution of Gaelic in delivering sustainable economic growth. HIE are also currently undertaking a procurement exercise for the delivery of Gaelic economic and community development."

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



Arthur Cormack, Chair of Bòrd na Gàidhlig, said, “Bòrd na Gàidhlig is delighted to have approved HIE’s first Gaelic Plan. HIE has a long and distinguished track record of supporting Gaelic developments and this Plan gives the organisation the clear opportunity to continue with such support, build on it, as well as to increase Gaelic’s visibility and use within its own services. The services which HIE provides are vital to sustaining the Gaelic language and it has an important role, as do other public authorities, in helping to deliver the National Plan for Gaelic. Our joint aims and aspirations revolve around growth and sustainability, focussed on strengthening communities of all kinds. The business community has a crucial role to play in the development of the language also, and HIE is in a unique position to support the Bòrd’s continuing aspirations in this respect.

The HIE Gaelic Plan is available at [www.hie.co.uk/gaelic-plan](http://www.hie.co.uk/gaelic-plan) and information on HIE Gaelic development procurement at [www.hie.co.uk/tenders.htm](http://www.hie.co.uk/tenders.htm)